




A' TIGHINN A DH'AITHGHEARR

TAIGHEAN AIR PRÌS REUSANTA, A' CHILL BHEAG, AN T-EILEAN SGITHEANACH

- COM-PÀIRTEACHADH LE SABHAL MÒR OSTAIG IS COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD •
- COIMHEARSNACHD ÙR IS MEASGACHADH ANN EADAR GINEALAICHEAN •
- TARRAINGEACH DO LUCHD-LABHAIRT IS LUCHD-IONNSACHAIDH NA GÀIDHLIG DE GACH AOIS •
- 17 ÀITEACHAN-FUIRICH/LÀRAICHEAN RIM FAIGHINN IS MEASGACHADH DE CHÒIR-GHABHALTAIS •
- 4 DACHAIGHEAN SO-RUIGSINNEACH GU SÒNRAICHTE FREAGARRACH DO SHEANN DAOINE •
- DACHAIGHEAN DO THEAGHLAICHEAN/DAOINE RIN REIC IS AIR MÀL AIR PRÌS REUSANTA •

CLÀRAICH
AN-DRÀSTA
MA THA
ÙIDH AGAD!



An com-pàirteachas le



SABHAL
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig



The Highland
Council
Comhairle na
Gàidhealtachd

Sealladh àlainn bhon a h-uile taigh is làrach thar Linne Shlèite

FIOSRACHADH MU NA TAIGHEAN IS LÀRAICHEAN

Tha Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus Communities Housing Trust (CHT) a' com-pàirteachadh air pròiseact innleachdach air leth, mar phàirt de phròiseact na Cille Bige ann an Slèite. Thathar an dùil gun tèid mu 100 dachaigh a thogail thar ùine, a' freagairt air feumalachdan taigheadais aig gach aois anns a' choimhearsnachd.

Cumaidh am pròiseact seo taic ri coimhearsnachd eadar-ghinealach, bidh e na chuideachadh dhaibhsan a tha aonaranach no a' faireachdainn air leth gu sòisealta agus thèid spiorad cultarail coimhearsnachd a neartachadh. Tha cothroman ann do sheann daoine agus teaghlaichean òga taic a thoirt do chàch a chèile, le mothachadh mu chudromachd cultair is dualchais.

Faodaidh a h-uile duine aig a bheil feum air taigh, no aig a bheil adhbharan airson a bhith a' fuireach no ag obair san sgìre cur a-steach airson dachaigh agus thathar an dùil gum bi an cothrom seo tarraingeach do luchd-labhairt no luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig de gach aois.

A thuilleadh air seo, bidh e comasach do sheann daoine a tha a' fuireach ann an taighean nach eil freagarrach, no a tha airson fuireach ann an taigh nas lugha, taigh bun-ùrlair no taigh a tha so-ruigsinneach le cathair-cuibhle a cheannach.


Bidh na taighean suidhichte faisg air Sabhal Mòr Ostaig, agus air Fàs Mòr, ionad cùraim-chloinne, agus bun-sgoil is sgoil-àraich na sgìre. Tha ionad-slàinte na sgìre agus Café Ostaig cuideachd faisg air làimh, agus tha seirbheis bus ann do sheann daoine a' dol gu bùth choimhearsnachd Armadail.

Thèid conaltradh cànanach is cultarail eadar-ghinealaich a bhrosnachadh anns a' choimhearsnachd ùr, seasmhach, ghnìomhach seo - toiseach tòiseachaidh den chiad baile ùr anns an Eilean Sgitheanach ann an còrr is 100 bliadhna.



PLANA LÀRAICH

Chaidh an dealbhadh agus an togail a dhèanamh le James MacQueen Ltd, le taic dealbhadh bhon ailtire Rural Design.



- **6 taighean air prìs nas ìsle** (2 le cleachdadh coitcheann, 2 thaigh bun-ùrlair, 2 so-ruigsinneach le cathair-chuibhle)
- **2 dhachaigh air màl nas ìsle**
- **3 làraichean fèin-thogail air prìs nas ìsle**

Bidh cuideachd 6 taighean air màl le Comhairle na Gàidhealtachd, agus 12 ionad phrìobhaideach rin sanasachd leis a' chompanaidh togail, James MacQueen Ltd.

CLÀRAICH ÙIDH:

Airson ùidh a chlàradh anns na dachaighean, tadhail air:

<https://www.chtrust.co.uk/future-opportunities.html>

no cuir fòn gu: 01463 233549

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD:

Gus cothrom fhaighinn air fear de na taighean air màl sòisealta, feumaidh tu bhith air an Highland Housing Register: https://www.highland.gov.uk/info/925/council_housing/244/apply_for_a_house

SÒNRACHADH FREAGARRACHD

Tha Communities Housing Trust a' tairgsinn 2 dhachaigh air **màl nas ìsle**, 6 dachaighean rin reic air **prìs nas ìsle** (4 dachaighean bun-ùrlair nam measg, 2 dhiubh so-ruigsinneach do chathair-chuibhle), agus 3 **làraichean fèin-thogail air prìs nas ìsle** eile. Tha na dachaighean is làraichean seo rim faighinn dhaibhsan a tha a' freagairt ri cuid no gach sònrachadh freagarrachd:

- Daoine a tha an eisimeil taigh bun-ùrlair no so-ruigsinneach do chathair-chuibhle
- Luchd-seilbh dachaigh a tha a' sireadh dachaigh nas lugha*
- Daoine a tha a' sireadh dachaigh air prìs nas ìsle
- Daoine a tha a' fuireach ann an dachaigh mhì-fhreagarrach
- Daoine a tha ag obair anns an sgìre
- Daoine a tha ag iarraidh imrich gus am bi iad nas fhaisge air an teaghlach is goireasan ionadail
- Daoine a thaa' fuireach ann an Slèite, san Eilean Sgitheanach no sa Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan
- Daoine aig a bheil ùidh anns na seirbheisean cultarail is cànanach air leth aig Sabhal Mòr Ostaig, nam measg luchd-ionnsachaidh is luchd-labhairt na Gàidhlig

Thèid fiosrachadh slàn air na dachaighean a tha rim faotainn fhoillseachadh san àm ri teachd. Clàraich le Communities Housing Trust airson naidheachd as ùire an leasachaidh:

www.chtrust.co.uk/future-opportunities.html

*Cuir fios thugainn mu chothroman airson dachaigh nas lugha fhaighinn.

LEIG FIOS:

Airson tuilleadh fiosrachaidh, leig fios gu Communities Housing Trust:

Fòn: 01463 233549

Post-d: info@chtrust.co.uk

A' DÌON COMAS A BHITH A' CEANNACH SAN ÀM RI TEACHD

Thathar a' dearbhadh lasachadh prìs nan dachaighean tro Eallach Taigheadais Dhùthchail, a tha mar chumha tiotal laghail a chuireas Communities Housing Trust (CHT) an sàs gu buan. Tha tuilleadh fiosrachaidh air an ath dhuilleig, no tadhail air: www.chtrust.co.uk/rural-housing-burden.html

Eisimpleir de lasachadh prìs taighe (eisimpleir a-mhàin):

Luach margaidh na dachaigh £200,000

Lasachadh aontaichte far luach na margaidh 25%

A' phrìs nas ìsle £150,000 (75% de luach na margaidh)

Tha làn shealbh agus tiotal laghail slàn aig an neach-seilbh.

EALLACH TAIGHEADAIS DHÙTHCHAIL

Thèid na taighean a reic agus Eallach Taigheadais Dhùthchail an cois tiotal an taighe.

DÈ TH' ANN AN EALLACH TAIGHEADAIS DHÙTHCHAIL?

Tha an Eallach Taigheadais Dhùthchail ann mar thoradh air obair a rinn Communities Housing Trust (CHT) airson sealbh dachaigh air prìs reusanta ann an coimhearsnachdan dùthchail a bhrosnachadh is a chur an sàs. Tha Cumha Tiotail an cois gach dachaigh is làrach a thèid a reic air prìs nas ìsle.

Bidh làn shealbh (100%) den dachaigh aig an neach-seilbh.



CIAMAR A THA SEO AG OBRACHADH?

%

Thèid ìsleachadh prìs mar cheudad (%) far prìs na margaidh fosgailte a thairgsinn don chiad neach-ceannaich, agus cuirear ìsleachadh an coimeas ris an luach mhargaidh a thoirt far na dachaigh ma thèid a reic san àm ri teachd. Nì seo cinnteach gum bi prìs reusanta air gu bràth.



Tha còir ro-chaisg (pre-emption) ann. Tha seo a' ciallachadh gu bheil còir aig CHT air a' chiad chothrom airson na dachaigh a cheannach nuair a thathar ga reic. Tha seo a' ciallachadh gum faigh a' choimhearsnachd ionadail prìomhachas uair sam bith a thèid an taigh a reic agus gum bi taighean air a dhìon airson nan ginealaichean ri thighinn.



Tha ceangal pearsanta ann eadar CHT agus neach-seilbh an taighe a tha a' ciallachadh gur e an taigh an aon taigh agus prìomh thaigh an neach-seilbh agus nach fhaodar a chleachdadh mar dàrna taigh no taigh-samhraidh.